

Tìotal: Sabhailte agus Toilichte Air-loidhne

Ìre: A' CHIAD



Ceanglan CFE

Tha na gnìomhan air goireas nàiseanta RSHP a' toirt stiùireadh a thaobh nan Eòlasan/Builean agus na slatan-tomhais a tha buntainn ri RSHP – ga fhàgail aig an tidsear/neach-foghlaim ceanglan a dhèanamh ri raointean curraicealaim eile. Airson a' chuspair seo ge-tà tha ceanglan soilleir ann gu Teicneòlasan, agus mar sin tha na h-Eòlasan agus na Builean iomchaidh cuideachd air an comharrachadh.

RSHP Experiences and outcomes	Benchmarks
<p>Tha mi mothachail air mar a tha sinn a' dèanamh charaidean agus gum faod rudan as toigh leat, nach toigh leat, comasan no feuman sònraichte buaidh a thoirt air dàimhean. HWB 1-44a</p> <p>Tha mi a' tuigsinn rudan math mu chàirdeasan agus mu dhàimhean, ach nuair a bhios rud sam bith a' cur dragh no iomnaidh orm tha fios agam cò ris a bhruidhneas mi. HWB 1-44b</p> <p>Tha mi mothachail air gum feumar spèis a thoirt do shaorsa agus do chrìochan pearsanta dhaoine agus 's urrainn dhomh aithneachadh agus freagairt nan rudan a tha daoine a' cur an cèill tro chainnt agus ann an dòighean eile seach cainnt. HWB 1-45b</p>	<p>Tha an t-Eòlas/a'Bhuil seo na phàirt de Slàinte is Sunnd – Dleastanas nan Uile a tha a' gabhail a-steach nan còig ìrean airson fàs agus ionnsachadh a chòmhdach ann an Slàinte is Sunnd. Chan eil slatan-tomhais ann airson an E/B seo.</p>

Technologies: Es/Os	Benchmarks
<p>Is urrainn m' eòlas air a bhith a' cleachdadh teicneòlas didseatach a leudachadh agus conaltradh a dhèanamh ri daoine eile agus tha mi mothachail air dòighean a bhith sàbhailte is tèarainte. (TCH 1-03a)</p>	<ul style="list-style-type: none"> • A' sealltainn tuigse dem chòraichean agus mo dhleastanas mar shaoranach didseatach. • A' sealltainn tuigse air na cunnartan a dh'fhaodas èirigh air-loidhne agus air cò thuige a thèid iad airson comhairle no innse ma tha iomagain orra. • A' sealltainn tuigse air cho cudromach 's a tha facal-faire làidir. • A' mìneachadh carson a dh'fheumas sinn cead fhaighinn bho neach mus tarraing sinn dealbh dhiubh.

Amasan Ionnsachaidh

- Gum faic clann an t-eadar-lìon mar rud deimhinneach a tha spòrsail agus a tha na chuideachadh dhan ionnsachadh aca.
- Gum mèraich clann air an giùlan air-loidhne.
- Gun aithnich clann cunnartan a dh'fhaodas a bhith timcheall air-loidhne.
- Gun ionnsaich clann dòighean siridh taic.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu dheidhinn mo bheatha 'air-loidhne'.
- Tha mi a' tuigsinn gum feum mi planaichean airson a bhith sàbhailte nuair tha mi air-loidhne.
- Tha mi ag aithneachadh cò na h-inbhich sa bheil earbsa agam agus cò chuidicheas ma tha iomagain orm no ceist agam.

Goireasan-taic

- PowerPoint/Slaighdean
- Stuthan *Think You Know* do chlann eadar aoisean 6 agus 7 [6-7s: Homepage \(thinkuknow.co.uk\)](http://6-7s:Homepage(thinkuknow.co.uk))
- Filmichean agus leabhraichean *Jessie and Friends* [Jessie Friends videos \(thinkuknow.co.uk\)](http://JessieFriendsvideos(thinkuknow.co.uk))
- Stuthan ealain airson postair “Toilichte agus Sàbhailte Air-loidhne” a dhèanamh.

Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdadh, cuiribh a’ bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th’ ann agus leumaibh seachad air na sanasan.

Obair

1. Cruinnich a’ chlann còmhla agus thoir a-steach an cuspair: Sàbhailte agus Toilichte air-loidhne. Iarr air a’ chloinn bruidhinn ri caraaid rin taobh mu ghrunn cheistean. ‘S e a’ chiad cheist: **Dè bhios tu a’ dèanamh air-loidhne? Cò na geamannan no apps air am bi thu a’ coimhead no na làraich air am bi thu a’ tadhal?** Faigh beagan fios air ais (nì sibh seo ann am barrachd doimhneachd a-rithist) mu na bhios clann a’ dèanamh air-loidhne.
2. An uair sin faighnich dhan chloinn – an toiseach còmhla ri caraaid rin taobh agus an uair sin a’ toirt fios air ais (dh’fhaodadh iad làmh a chur suas, cunnt agus cuir fios air a’ chlàn gheal mu na bhios a’ cleachdadh gach rud) **Ciamar a bhios sinn a’ faighinn air-loidhne? Co bhios a’ cleachdadh: Fòn? Tablaid/iPad? Laptop? Coimpiutair? Consoil gheamaichean?**
3. An uair sin faigh a-mach (caraaid rin taobh agus fios air ais, faigh tuilleadh a-mach tro chòmhradh, a-rithist dh’fhaodaist am fiosrachadh a chlàradh): **De bhios tu a’ dèanamh air-loidhne? Am bi thu?**
 - A’ cabadaich?
 - A’ cur theachdaireachdan?
 - A’ cluich gheamannan?
 - A’ coimead rudan air YouTube?
 - A’ cruthachadh rudan?
 - A’ faighinn a-mach rudan inntineach mar chur-seachad no airson obair-sgoile?
 - A’ togail dhealbhan? A’ cur dhealbhan gu daoine eile?
4. Èist ris na rudan spòrsail, na diofar àiteachan agus na dòighean air pàirt a ghabhail ann an geamannan, dibhearsain agus ri daoine eile. An uair sin faighnich dhan chloinn: **A bheil riaghailtean sam bith agaibh a bhios sibh a’ leantainn air-loidhne?** Mar a bhios iad a’ toirt seachad fhreagairtean faigh a-mach: Cò dh’ionnsaich an riaghailt sin dhut? Carson a tha iad a’ smaoineachadh a tha (riaghailtean) cudromach? Mura can neach sam bith e, faighnich am bu chòir riaghailtean a bhith ann mu na thathar a’ cur seachad de dh’ùine air beulaibh sgrion no air-loidhne? Na bhios tu ag innse do neach nuair a tha thu air-loidhne? No mu bhith a’ togail dhealbhan de chuideigin? No a’ cur dhealbhan suas air an eadar-lìon?
5. Ain an ìre seo tha dà bhidio ann a dh’fhaodas sibh a shealltainn. ‘S e sreath de chartùnaichean a th’ ann an *Jessie & Friends* a tha a’ leantainn chuaritean-dànach Jessie, Tia agus Mo’s iad a’ tòiseachach an slighe san t-saoghal air-loidhne, tha na filmichean do chlann eadar 5 agus 7 mu bhith a’ sgoileadh dhealbhan (6 mion.) agus a’ cluich gheamannan (9 mion. 15). ‘S e prìomh theachdaireachd *Jessie and Friends*, ma tha dragh air pàiste aig àm sam bith mu rud a chunnaic iad air-loidhne, gum bu chòir dhaibh innse do dh’inbheach earbsach, a bheir cuideachadh dhaibh. Tha an dà fhilm rim faighinn an seo: [Jessie Friends videos \(thinkuknow.co.uk\)](http://JessieFriendsvideos(thinkuknow.co.uk)) Tha òran a’ tighinn às

dèidh nam filmichean a bhios sibh 's dòcha airson a choimhead a-rithist. Gheibhear leabhraichean de na sgeulachdan cuideachd.

6. An uair sinn seall an ath shreath shlaighdean agus theirig thairis air prìomh theachdaireachdan nan cartùnaichean. Dèan cinnteach gu bheil a' chlann a' tuigsinn nam prìomh phuingeann; me, gu bheil a' chlann a' tuigsinn gum bi cuid de dhaoine a' cur an ìre gur e cuideigin eile a th' annta – ie airson fiosrachadh dìomhair fhaighinn a-mach agus a' char a thoirt à pàiste.

Prìomh phuingeann

1. 'S e srainnsearan a th' ann an daoine nach aithne dhut. Nuair a tha thu air-loidhne no a' cluich gèam, 's dòcha nach bi daoine firinneach mu cò iad.
 2. Bi laghach ri daoine. Bi a cheart cho laghach 's a bhiodh tu nam biodh sibh san sgoil no a' cluich còmhla.
 3. Cùm am fiosrachadh prìobhaideach agad prìobhaideach. Na inns do dhaoine air-loidhne far a bheil thu a' fuireach no cò an sgoil dha bheil thu a' dol. Na tog dealbh dhìot fhèin airson a chur gu srainnsear, fiù 's ged a dh'iarradh iad ort. Tha dealbhan prìobhaideach cuideachd.
 4. Ma bhios faireachdainn agad nad bhodhaig nach eil rudeigin ceart, 's dòcha gu bheil dragh no iomagain ort mu dheidhinn, inns do dh'inbheach sa bheil earbsa agad.
5. **Postairean: Sàbhailte agus Toilichte air-loidhne:** Iarr air a' chloinn postair a chruthachadh a chuidicheas clann eile gu bhith ag ionnsachadh mu bhith sàbhailte agus toilichte air-loidhne. Inns dhaibh gum faod iad dealbhan de na caractaran, apps no na làraich-lìn as fheàrr leotha a chur air, Bu chòir dhaibh teachdaireachdan a chur air a chuidicheas clann cuimhneachadh a bhith sàbhailte agus toilichte air-loidhne. Bhiodh seo nas inntiniche dhaibh nan rachadh innse dhaibh gum bi na postairean air an sealltainn do chlas nas òige san sgoil, airson an teagasg.
 6. **Airson crìochnachadh,** cleachd an slaighd gus dà theachdaireachd chudromach a chuimhneachadh dhan chloinn:
 - Tha e sgoinneil a bhith a' coimhead rudan, a' cluich gheamannan agus a bhith ri spòrs air-loidhne.
 - Ma thu thu troimh-a-chèile mu rud a chunnaic thu, no ma chanas duine rud a tha gad fhàgail a' faireachdainn dona no fo iomagain, inns do dh'inbheach aig an dachaigh no san sgoil.

Iarr air a' chloinn stad mionaid agus smaoinich air neach no dhà thuig an rachadh iad nam biodh iad fo iomagain no troimh-a-chèile. Cuimhnich dhaibh gum faod iad bruidhinn riutsa.

Beachdan Eile

- San t-seachdain a tha romhaibh thoir cothrom dhan chloinn air fad coimhead air na stuthan a th' air làrach Thinkuknow do chlann eadar aoisean 6 agus 7 [6-7s: Homepage \(thinkuknow.co.uk\)](http://6-7s:Homepage(thinkuknow.co.uk))

Faodaidh sibh an teacsa a leanas a chleachdadh airson fios a leigeil dhachaigh gu pàrantan/luchd-cùraim mun obair seo:

Tha sinn ag ionnsachadh cho spòrsail 's cho cruthachail 's as urrainn dhuinn a bhith air-loidhne. Tha sinn cuideachd ag ionnsachadh mu bhith a' cumail sàbhailte air-loidhne. Seo na puingeann cudromach a bhios a' chlann ag ionnsachadh:

1. 'S e srainnsearan a th' ann an daoine nach aithne dhut. Nuair tha thu air-loidhne no a' cluich gèam, 's dòcha nach bi daoine firinneach mu cò iad.
2. Bi laghach ri daoine. Bi a cheart cho laghach 's a bhiodh tu nam biodh sibh san sgoil no a' cluich còmhla.
3. Cùm am fiosrachadh prìobhaideach agad prìobhaideach. Na inns do dhaoine air-loidhne far a bheil thu a' fuireach no cò an sgoil dha bheil thu a' dol. Na tog dealbh dhìot fhèin airson a chur gu srainnsear, fiù 's ged a dh'iarradh iad ort. Tha dealbhan prìobhaideach cuideachd.
4. Ma bhios faireachdainn agad nad bhodhaig nach eil rudeigin ceart, 's dòcha gu bheil dragh no iomagain ort mu dheidhinn, inns do dh'inbheach sa bheil earbsa agad.

Bidh a' chlann a' coimhead: [Jessie Friends videos \(thinkuknow.co.uk\)](http://thinkuknow.co.uk) Tha òran às deidh nan sgeulachdan, agus 's dòcha gum bi sibh airson a choimhead agus èisteachd ris a-rithist.

Mar phàrant/neach-cùraim seo àitichean fiosrachaidh math air a' chuspair seo:

- Tha duilleag do chlann eadar aoisean 6 agus 7 aig Thinkuknow: [6-7s: Homepage \(thinkuknow.co.uk\)](http://thinkuknow.co.uk)
- Tha fiosrachadh do phàrantan agus luchd-cùraim air Internetmatters.org: <https://www.internetmatters.org/advice/6-10/>
- Tha am film goirid seo ag innse mar a chumas sibh ur pàiste sàbhailte: <https://youtu.be/sz4EyUMUTro>
- Tha an làrach Canèidianach seo a' toirt stiùireadh mhionaideach do phàrantan chloinne eadar aoisean 5 agus 7 mu bhith a' cuideachd do phàiste le sàbhailteachd air-loidhne: <http://mediasmarts.ca/tipsheet/internet-safety-tips-age-5-7>

Nòtaichean Tidseir

